

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE AND WORK

AIREAMH 12 | 2012 | AN DUBLACHD

Facal Toisich

Bidh e 'na cheist air daoine ann an iomadh sgìr nuair a tha an eaglais a' fàs sean agus feumail air obair chàraidh, am biodh e na b'fheàrr an togalach a leagail agus taigh-adhraidh ùr le gach goireas a chur suas 'na àite. Chì sibh air an duilleig seo dealbh de dh'eaglais Chill Mhaodain a chaidh fhosgladh còrr is dà cheud bliadhna air ais. Ficead bliadhna air ais chaidh airgead mòr a chosg air an t-seann eaglais seo a leasachadh 'na broinn agus on taobh a-muigh, gun ach glè bheag de dh'atharrachadh a dhèanamh air a' chumadh a bha air an eaglais ann an 1783.

Bha na seann eaglaisean air an togail ann an leithid de dhòigh agus gun seasadh iad ri siantan a' gheamhraidh fad iomadh ginealach. Faodaidh e a bhith nach robh iad cho blàth ris na h-eaglaisean a thèid a thogail an-diugh agus cha robh na suidheachain ro-chofhurtail. Ach tha faireachadh agam gun seas seann eaglais a chaidh a leasachadh nas fhaide na eaglaisean a thogadh anns an darna leth den fhicheadamh linn. B'fhiach an t-airgead a chaidh a chosg air seann eaglaisean leithid eaglais Chill Mhaodain. Tha spiorad an adhraidh ann an eaglais far an robh an Soisgeul air a shearmonachadh, na Sgrìobtaran air an leughadh agus ùrnaighean air an cur suas bho chionn iomadach bliadhna.

Aig àm na Nollaig cluinnidh sinn sgeul a tha glè shean. Bidh cuid a' fiachainn ri cruth ùr a chur air agus innealachd an latha an-diugh a chleachdadh airson gun tuig sluagh ar latha-ne brìgh na teachdaireachd. Ach tha an t-seann naidheachd a' seasamh linn an dèidh linn. Chan fhàs an sgeul seo seann-fhasanta: "Rugadh dhuinne Slànaighear ann am baile Dhaibidh, neach as e Crìosd an Tighearna."

**Beannachdan na Nollaig gu robh agaibh uile,
Ruairidh MacLeòid**



Tha eaglais Chill Mhaodain ann an Gleann dà Ruadhail air eaglais cho eireachdail agus a chithear ann an Earra Ghàidheal. Thogadh an eaglais seo ann an 1783, ged a bha taigh-adhraidh air an làraich o 1610 no roimhe sin. Tha ainm na h-eaglais a' cur urraim air Maodan, teachdaire a bha a' saothreachadh ri linn Chaluim Chille. Ann an 1983 rinneadh obair leasachaidh mhòr air an eaglais a chosg £106,418. Faisg air an eaglais tha togalach anns a bheil leacan snaidhte a bhuineas don cheathramh no don chòigeamh linn deug. ('Nam measg tha leac air a bheil ainm ministear a chaochail ann an 1636.) 'S e a tha seo àite far am fairich thu gu bheil thu air do chuartachadh le eachdraidh nan linntean a dh'fhalbh. Fairichidh tu sàmhchair iongantach nuair a tha thu nad sheasamh taobh a-muigh na h-eaglais.

Cùil Nan Ceist

Air a' mhìos seo bidh sùilean an t-saoghail air breith shònraichte, breith Iosa Crìosd ann an stàball Bhetleheim. An turas seo tha na ceistean às a' Bhìoball co-cheangailte ri breith. Tha sinn ag innse dè na caibideilean anns an lorg sibh na freagairtean. Tha fuasgladh nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Cò a bha air fhalach le a phàrantan fad thrì mìosan an dèidh a bhreith? (Eabhraidhich, caibideil 11.)
2. Lìon a' bheàrn seo: "On bhreith agus on -----." (Hosea, caibideil 7.)
3. Cò an t-lùdhach a rugadh ann an Pontas? (Gnìomharan, caibideil 18.)
4. Cò an tè a rugadh do Bhetuel aig an robh soitheach air a gualainn? (Genesis, caibideil 24.)

Teachdaireachd na Nollaig

“Nuair a bha an Rìgh air a bhreith thàinig fios chum nan daoine beaga agus nan daoine mòra, chum nan daoine bochda agus nan daoine beairteach, chum nan daoine amaideach agus nan daoine glìce. Thàinig fios chum nan daoine glìce a bha anns an àird an ear; ghabh iad ris an sgeul, agus lean iad an reul. Bha iad ‘nan daoine tuigseach, agus reusanaich iad mar seo eatorra fhèin: ‘Càit am biodh an Rìgh air a bhreith ach anns a’ bhaile mhòr?’ Dh’fhàg iad an reul, agus chaidh iad don bhaile mhòr, agus dh’iarr iad e gu dìcheallach. Ged dh’iarr, cha d’fhuair. Chosg e iomadh ceum aonranach dhaibh mun d’fhuair iad an reul a-rithist. Ach nuair a fhuair iad an Rìgh a rèir seòladh na rèil, càit an d’fhuair iad e? Ann an crios-ceangail a’ gheallaidh, far am faigh thusa e, anaim, ma gheibh thu e gu bràth.”

Sin cuibhreann à searmon a chaidh a thoirt seachad leis an Urr. Lachlainn MacCoinnich, a bha ‘na mhinistear ann an Loch Carann eadar 1782 agus 1819. Chunnaic am Fear-deasachaidh na nòtaichean a bhiodh aig Maighistir Lachlainn nuair a bhiodh e a’ searmonachadh. Cha bhiodh aige ach duilleag mhòr air nach robh ach beagan sgrìobhadh. Feumaidh gun do chùm an luchd-èisteachd air an cuimhne na rudan a thubhairt am ministear foghainteach seo anns a’ chùbaid.



Seo an eaglais anns am biodh an t-Urr. Lachlainn MacCoinnich a’ searmonachadh. Tha fios gur ann anns an eaglais seo a thug Maighistir Lachlainn seachad an searmon anns an robh a’ chuibhreann a tha againn anns a’ cheud cholbh. Thogadh an t-seann eaglais seo ann an 1751. Ri a taobh tha an eaglais a thogadh ‘na h-àite eadar 1834 agus 1836. Chan eil an eaglais sin fhèin air a cleachdadh airson seirbheisean Sàbaid an-diugh, a chionn gu bheil an taigh-adhraidh a tha aig a’ choitheanal ann am meadhan a’ bhaile. Aithnichidh tu air a cumadh gur ann aig an Eaglais Shaoir Aonaichte a bha àit’-adhraidh an latha an-diugh a thogadh ann an 1910.

Cruinneachadh Prìseil

Nuair a bha am Fear-deasachaidh ‘na oileanach aig Colaiste Nuadh Dhùn Eideann bu toigh leis a bhith a’ dol sìos gu h-ìosal anns an leabhar-lann far an robh cuid mhath de leabhraichean Gàidhlig. A-nis chaidh clàradh a dhèanamh de gach leabhar Gàidhlig a tha anns an leabhar-lann. Tha còrr is ceithir cheud leabhar Gàidhlig aig a’ Cholaiste Nuaidh agus bidh e nas fhasa an lorg a chionn gu bheil ainmean nan leabhraichean a-nis còmhla air clàr.

Tha iomadh laoidheadair am measg nan leabhraichean Gàidhlig anns an leabhar-lann. Bha fèill mhòr air na leabhraichean aig Pàdraig Grannd. Tha còig de na deasachaidhean eadar-dhealaichte de leabhraichean a’ Ghranndaich anns a’ chruinneachadh. Chaidh na dàin spioradail aig Pàdraig Grannd a chlàr-bhualadh an toiseach ann an Inbhir Nis ann an 1815. Dh’fhoillsich Alasdair MacLabhrainn deasachadh ùr ann an 1932, fo làimh Eachainn MhicDhùghaill a rinn obair cho luachmhor ann a bhith ag ullachadh leabhraichean Gàidhlig airson a’ chlàr.

Thug an t-Urr. Alasdair MacRath na bha aige fhèin de leabhraichean Gàidhlig do leabhar-lann nn Colaiste Nuaidh. Bhuineadh e do Steòrnabhagh agus bha e ‘na mhinistear anns an Eaglais Shaoir ann an Clachan Chinntìre. Bu toigh leis a bhith a’ tionndadh laoidhean Beurla gu Gàidhlig, agus ann an 1874 nochd *Laoidhean airson timean beannachd*.

‘S e a bha seo eadar-theangachadh de na laoidhean as ainmeile aig an Amaireaganach, Ira D. Sankey, a bhiodh a’ seinn aig na coinneamhan mòra aig an t-soisgeulaiche, D. L. Moody. Thàinig an leabhran seo a-mach a-rithist ann an 1894.

Nuair a bha am Fear-deasachaidh ‘na oileanach ann an Dùn Eideann bha siathnar anns a’ Cholaiste Nuaidh aig an robh Gàidhlig agus chaidh sinn gu sgìrean far an robh a’ Ghàidhlig air a searmonachadh.

Leabhraichean

‘S e seann leabhar air a bheil sinn a’ toirt iomraidh air a’ mhìos seo. Bha an t-Oll. Urr. Iain Dòmhnallach (“Dòmhnallach na Tòiseachd”) ainmeil ‘na latha mar shearmonaiche. Bha e cuideachd ‘na bhàrd spioradail, ged a bha na dàin aige car fada. Tha e ‘na dhearbhadh air cho measail agus a bha na Gàidheil air laoidhean an Dòmhnallaich gun deachaidh an leabhar a chlàr-bhualadh sia tursan eadar 1848 agus 1890. Dh’fhoillsicheadh feadhainn de na dàin leo fhèin roimh 1848. Direach ceud bliadhna air ais, ann an 1912, chaidh an co-chruinneachadh a chlàr-bhualadh as-ùr, agus uaireigin an dèidh 1931 chuir Alasdair MacLabhrainn a-mach a-rithist e.

‘S e a’ cheud dheasachadh a tha aig an Fhear-dheasachaidh. Sgrìobhte ‘na bhroinn tha *William Stewart Nethy Bridge 1849*. Tha sgrìobhadh eile aig toiseach an leabhair cuideachd: *Ruairidh MacLeòid Hiort 13:8:10*. Thug am Fear-deasachaidh an leabhar ‘na chois nuair a bha e air chuairt ann an Hiort dà bhliadhna air ais. Air an turas-cuain sin leugh e o cheann gu ceann *Rainn a Rinneadh leis an Ughdair air a Thurus do Eilean H-lorta anns a’ Bhliadhna 1822*. Tha trì fichead agus

Marbhrainn a rinneadh air Diadhairibh Urramach nach maireann, agus Dàna Spioradail eile Iain Dòmhnallach (A’ cheud dheasachadh 1848)

seachd deug de cheathramhan anns an dàn sin, cuid mhath dhiubh mu na smuaintean air cuspairean diadhairachd a bha a’ bualadh air an Dòmhnallach air a thuras gu Hiort.

Cha chuir sgoilearan Gàidhlig Dòmhnallach na Tòiseachd anns an aon sreath mar bhàrd ri Dùghall Bochannan no Gobha na Hearadh. Ach cluinnear fhathast cuid de na sreathan a sgrìobh e air an togail, leithid nam briathran ainmeil seo anns an dàn, *An Criosduidh aig Bruaich Iòrdain*:

Na rinn ‘s na dh’fhuiling Slànaighear,

Mar siud an àit’ a shluaigh,

‘S e mhàin is bunait theàrnaidh dhomh,

‘S chan e gach gràs a fhuair.

Uilleam Stiùbhart, am fear à Drochaid Neithich, aig an robh an leabhar a tha aig an Fhear-dheasachaidh ann an 1849, chuir e comharradh air na faclan seo gu h-àrd, a’ dearbhadh gu robh iad a’ labhairt ris-san ann an dòigh shònraichte.

On àm sin 's e glè bheag de dh'oileanaich le Gàidhlig a tha air a bhith a' frithealadh na Colaiste. Ach oileanach sam bith aig a bheil ùidh ann an Gàidhlig gheibh iad deagh chothrom leabhraichean a bhuineas don chànan, gu sònraichte leabhraichean spioradail, a leughadh. Faodaidh duine sam bith fiosrachadh fhaighinn mu na leabhraichean sin air a' choimpiutair.

Laoidh

*Bho thoiseach nan linn,
Gus an tig deireadh tìm,
Seinnear moladh do Thighearna nam buadh:
Sùil chianail nar dèidh,
Sùil air adhart gu treun,
Agus clag binn an t-Soisgeil nar cluais.*

*Bho bheanntan Chinntir
Gu eilean uain' Idh
Togar caitheam is moladh le buaidh:
Gach cuimhneachan àigh,
Gach osna is gàir',
Ann an òran o chridhe an t-sluaigh.*

*Bheir sinn urram nach gann
Do ar tuathanaich chalm'
A dh'fhàg làrach air fearann is fonn;
Is ar n-iasgairean cruaidh,
Bhiodh ri aghaidh nan stuagh,
Is an earbsa an Tighearna nan tonn.*

*Gu robh Dia dhuinn mar sheòl
Gu deireadh an ròid,
Is an t-slighe mì-chinnteach gach uair;
Gu robh creideamh nar crìdh',
Agus gràdh don Ard-rìgh,
Sinn le dòchas cur fàilt' air linn nuadh.*

Chaidh an laoidh seo a chur ri chèile bho chionn dà bhliadhna deug air ais a' comharrachadh dà mhìle bliadhna o àm breith an t-Slànaighair. Rinneadh atharrachadh beag oirre airson gum biodh i freagarrach airson seirbheis-fhosglaidh a' Mhòid ann an Dùn Omhain anns an

Dàmhair. Bha suas ri dà cheud duine an làthair aig an t-seirbheis ann an Eaglais Naomh Eòin. A' leughadh cuibhriinn às an Tiomnadh Nuadh bha Clare Mundell a tha fileanta ann an Gàidhlig. 'S e bràthair a seanar a bha anns an Urr. Dòmhnall Stiùbhart, a chaochail ann an 2003, agus a thug cùl-taic don Ghàidhlig ann an Dùn Omhain. 'S e Bioball a bha aig Mgr. Stiùbhart às an do leugh Clare earrainnean à Leabhar nan Gníomharan.

Searmon Beag

Bheir iad Emànuel mar ainm air. (Mata 1:23)

Dè a tha àm na Nollaig a' ciallachadh? An gabh sin cur ann an aon fhacal?

Nan cuireadh tu a' cheist air neach òg, 's dòcha gun canadh iad gur e *laoidhean* a tha na Nollaig a' ciallachadh dhaibh-san. Gun teagamh tha tarraing iongantach anns tha na seann laidhean sìmplidh a bhios air an seinn aig an àm seo den bhliadhna. Ge b'e cànan anns a bheil *Ciùin an Oidhch'* air a sheinn than na faclan agus am fonn a' dèanamh làraich air daoine.

Nam biodh aig òganach ri aon fhacal a thaghadh, 's dòcha gun canadh e *tìodhlacan*. Aig an Nollaig bidh *tìodhlacan* air an toirt seachad. Bidh na milleanan air an cosg anns na bùithean air *tìodhlaic* as iongantaiche a tha ann: *Is ann mar sin a ghràdhach Dia an saoghal, gun tug E aon-ghin Mhic fhèin, a-chum ge b'e neach a chreideas ann, nach sgrìosar e, ach gum bi a' bheatha shiorraidh aige.*

Tha iomadh facal sgrìobhte anns an Tiomnadh Nuadh mu bhreith losa agus mu adhbhar a theachd. Ach tha an Tiomnadh Nuadh a' toirt geàrr-chùnntais air teachdaireachd na Nollaig ann an aon fhacal – *Emànuel*.

Nuair a bha losa gu bhith air a bhreith tha Mata ag innse dhuinn gum biodh Emànuel air a thoirt mar ainm air, a' coileanadh fàidheadaireachd a tha againn ann an leabhar Mhìcah anns an t-Seann Tiomnadh.

'S e as ciall don fhacal Emanuel, gu litireil *Dia maille rinn*.

Nach misneachail an teachdaireachd sin gu bheil Dia ann an losa Crìosd còmhla rinn anns a h-uile suidheachadh nar beatha, na beanntan soilleir agus na glinn dhorcha, na làithean aoibhneach agus na làithean brònach. Ann an dachaigh ann an Nàsaret dh'fhiosrach losa na rudan a bhios a' bualadh air a h-uile teaghlach chun an latha an-diugh, na rudan beaga agus na rudan mòra, na h-amannan riaslach trang agus na h-amannan saorsainneil socair.

Gàidhlig Shìmplidh

Tha seo a' dèiligeadh air an t-àrd-àireamh de dh'fhacal ann an Gàidhlig Shìmplidh. Tha seo a' dèiligeadh air an t-àrd-àireamh de dh'fhacal ann an Gàidhlig Shìmplidh. Tha seo a' dèiligeadh air an t-àrd-àireamh de dh'fhacal ann an Gàidhlig Shìmplidh.

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Chuireadh duine o Dhia dom b'ainm Eòin." Tha na faclan seo anns a' cheud chaibideil

ann an Soisgeul Eòin. Tha iad sgrìobhte anns an t-siathamh rann. (Eòin 1:6.) 'S e Eòin Baistidh a bha seo. 'S e teachdaire cumhachdach a bha ann. 'S e gaisgeach spioradail a bha ann. Ach gu sònraichte 's e a bha ann an Eòin Baistidh "duine o Dhia." 'S e Dia a thug dha na faclan a labhair e. Cha b'ann 'na ainm fhèin a bha e a' bruidheann ach ann an ainm Dhè.

Tha seo a' dèiligeadh air an t-àrd-àireamh de dh'fhacal ann an Gàidhlig Shìmplidh. Tha seo a' dèiligeadh air an t-àrd-àireamh de dh'fhacal ann an Gàidhlig Shìmplidh. Tha seo a' dèiligeadh air an t-àrd-àireamh de dh'fhacal ann an Gàidhlig Shìmplidh.

An-diugh tha latha socair air Loch Fin. Ged a tha sinn anns an t-seachdain mu dheireadh den Dàmhair, tha a' ghrian a' deàrsadh.

Ach tha muinntir na side ag ràdh gum bi sneachd ann roimh dheireadh na seachdaine. Am biodh daoine toilichte nam biodh grian bhlàth ann a h-uile latha? Am biodh iad toilichte nam biodh sneachd ann fad na bliadhna? Chòrdadh e ri cuid de dhaoine. Cha chòrdadh e ri feadhainn eile. Thubhairt Pòl gu robh e riarichte anns a h-uile suidheachadh. Air latha grianach no air latha reòdhte, bha e a' creidsinn gu robh Dia a' riaghladh.

Tha seo a' dèiligeadh air an t-àrd-àireamh de dh'fhacal ann an Gàidhlig Shìmplidh. Tha seo a' dèiligeadh air an t-àrd-àireamh de dh'fhacal ann an Gàidhlig Shìmplidh. Tha seo a' dèiligeadh air an t-àrd-àireamh de dh'fhacal ann an Gàidhlig Shìmplidh.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Is ann às a' bheagan a thig am mòran." (From the little comes the much.) Tha

sin fìor ann an iomadh suidheachadh. Nuair a thòisich an Eaglais cha robh ann ach buidheann bheag. Ach sgap an obair. Dh'iarr Dia air na deisciobail a dhol a-mach air feadh an t-saoghail. Chaidh iad a-mach le facal an t-Soisgeil. An-diugh tha na milleanan air feadh an t-saoghail a tha a' leantainn Chrìosd. Tha coitheanalan air Ghàidhealtachd a tha beag. Ach faodaidh coitheanalan beag obair mhòr a dhèanamh. Anns a' Bhìoball tha luach air a chur air rudan beaga – mar eisimpleir, cupan de dh'uisge fuar.

Tha seo a' dèiligeadh air an t-àrd-àireamh de dh'fhacal ann an Gàidhlig Shìmplidh. Tha seo a' dèiligeadh air an t-àrd-àireamh de dh'fhacal ann an Gàidhlig Shìmplidh. Tha seo a' dèiligeadh air an t-àrd-àireamh de dh'fhacal ann an Gàidhlig Shìmplidh.

Is toigh leam seann leabhraichean. Tha mòran agam, gu h-àraidh leabhraichean Gàidhlig. Nuair a bha mi

'nam oileanach bhithinn a' tadhal air bùithean a bha a' reic sheann leabhraichean. Tha leabhraichean mar sin air fàs nas daoire an-diugh. Bidh seann leabhraichean air an cur a-mach ann an cruth ùr. Tha seann Bhìobaill agam. Tha Biobaill ùra agam cuideachd. Sean no ùr, chan eil teachdaireachd a' Bhìobaill ag atharrachadh. 'S e an teachdaireachd sin gu bheil Dia gar gràdhachadh le gràdh siorraidh. Chì sinn gràdh Dhè ann an teachd losa a dh'ionnsaigh an t-saoghail mar ar Fear-saoraidh.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

SIA FICHEAD BLIADHNA

Ann an Glaschu tha ionad-fòghlaim ann air a bheil a' Cholaiste Chrìosdail Eadar-nàiseanta. Ach bidh na Gàidheil nas eòlaiche air an r-seann ainm a bha air a' cholaiste, *Bible Training Institute*. Fhuair mòran de na miseanaraidhean a bha a' saothreachadh air a' Ghàidhealtachd fòghlam anns a' BTI. A-nis tha a' cholaiste a' comharrachadh clach-mhìle, gu bheil sia fichead bliadhna bho chaidh a stèidheachadh ann an 1892. Bha an soisgeulaiche Amaireagach, D. L. Moody, gu làidir den bheachd gum bu chòir colaiste mar seo a chur air bhonn ann an Glaschu.

RANN

*B'è sin an ceòl 's an naidheachd àghmhor
Sheinn na h-ainglean anns na h-àrdaibh,
Ag innse gun d'rugadh Slàn'ghear
Am Betlehem am baile Dhaibhidh.*

Bidh laoidhean Nollaig air an seinn ann an iomadh cànan air feadh an t-saoghail air a' mhìos seo. Tha an rann seo anns an laoidh, *Tàladh Chrìosda*, air a bheil fonn cho brèagha, seann fhonn a rèir coltais a tha air tighinn a-nuas thugainn ann am beul-aithris. Cluinnear *Tàladh Chrìosda* aig seirbheisean Nollaig.

AINM AN RATHAID MHOIR

Ann an 1864 sgrìobh an t-Urr. Gilleasbaig Mac a' Chlèirich, ministear Chill Mhàillidh, mu naidheachdan a dh'innis daoine anns an sgìr dha. Thug aon tè iomradh air "Ainm an rathaid mhòir", a bha 'na chleachdadh aig cuid aig an àm sin. Nuair a bha boireannach air an t-slighe chun na h-eaglais le pàiste gu seirbheis bhaistidh 's e ainm a' cheud duine a choinnicheadh rithe air an rathad a bheireadh i air an leanabh. Bhiodh sin gu h-àraidh a' tachairt nan robh boireannach air pàistean a chall roimhe sin. Tha fios gu robh an cleachdadh sin air a stèidheachadh air saobh-chreideamh. B'è an t-Oll. Urr. Mac a' Chlèirich a' cheud Fhear-deasachaidh a bha air *Na Duilleagan Gàidhlig*, eadar 1880 agus 1887.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo agaibh freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air a' cheud dhuilleig, co-cheangailte ri breith. 1. Maois. 2. ---- bhroinn." 3. Acuila. 4. Rebecah.

SEIRBHEISEAN GAIDHLIG

Bidh sinn a' cluinntinn air an ràdio o àm gu àm mu àiteachan far am bi seirbheis Ghàidhlig gu bhith air a cumail, a bharrachd air na h-eaglaisean far a bheil adhradh Gàidhlig gu cunbhalach a h-uile Sàbaid, no a h-uile mìos. Ma bheir sibh ùine gu leòr dhuinn, bidh sinn glè thoilichte fiosrachadh a thoirt seachad anns an iris seo.

ADHBHAR GAIRE

Bha Alasdair Moireasdan air fear de na "Daoine" a bha anns an Eaglais ann an Leòdhas anns an naodhamh linn deug. Bha e ag obair mar chiùrair èisg, agus bhiodh eagal air an còmhnaidh gum biodh nithean an t-saoghail seo a' mùchadh nithean spioradail 'na bheatha. Aon latha agus pailteas sgadain ga thoirt air tìr, choinnich e ri Aonghas MacMhathain, fear-teagaisg Chalanais. Thubhairt Alasdair ris, "Aonghais, dèan ùrnaigh air mo shon, oir tha a h-uile coltas ann gum bi mi air mo bhàthadh ann an sgadan an-diugh."

Urnaigh

A Dhè shìorraidh,
tha sinn a' toirt taing dhut
airson gach nì a tha
an t-àm seo den bhliadhna
a' ciallachadh dhuinn.
Glòir a bhith dhut
airson teachd an t-Slànaigheir
agus airson adhbhar a theachd,
gu bhith a' sireadh
agus a' teàrnadh
an nì sin a bha cailte.
Gum biodh àm na Nollaig dhuinn
'na àm taingealachd
agus 'na àm gairdeachais.

Amen

An dealbh air an aghaidh:
Chì sibh an seo òigridh a' cluich
anns an t-sneachd mar a bhios
iad a h-uile geamhradh.
Ach tha còrr is ceud bliadhna
bho thogadh an dealbh seo
ann an Loch nam Madadh.

Lorg Linda Gowans an seann dealbh dhuinn. Tha sinn an còmhnaidh an tòir air dealbhannan airson nan Duilleag.